

31 Màrt 2020

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

San Fhaoilleach 2020, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba air Sgoil Ghràmair Dhùn Omhain. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile. Mura tèid ainmeachadh, tha an teacsa a' dèiligeadh ri Beurla agus Foghlam Meadhan Gàidhlig cho math ris an ionad ionnsachaidh.

- Tha an ceannard, le taic chothromach bho na leas-cheannardan, gu soirbheachail a' stiùireadh mhodhan-obrach gus ionnsachadh agus teagasg cunbhalach de dh'àrd-chàileachd a libhrigeadh thar na sgoile. Gu cudromach, tha seo air a stèidheachadh air dàimhean làidir agus air a bhith a' brosnachadh luachan. Tha spèis mhòr aig an luchd-obrach agus aig an luchd-ùidhe don cheannard.
- Tha obair iomairt na sgoile le daoine òga air a bhith air aithneachadh le iomadh duais nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha an luchd-obrach ag obair gu math le raon de chom-pàirtichean ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta, gnothachasan agus carthannasan gus a bhith a' leasachadh co-theacsaichean iomchaidh, fìor airson ionnsachadh. Mar thoradh air seo, bidh daoine òga a' leasachadh cruthachalachd, agus sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair. Tha an cleachdadh a tha daoine òga a' dèanamh de theicneòlas didseatach a' dearbhadh dhaibh am feum a tha ann airson a bhith a' faighinn thairis air dùbhlain a dh'fhaodadh a bhith an cois suidheachaidhean dùthchail.
- Tha taobhan de bhuileachadh dhaoine òga aig ÀS4 air a thighinn air adhart. Thairis air ìrean, tha uail aig daoine òga sna coileanaidhean aca. Tha an fheadhainn a tha ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig a' cur luach air na sgilean agus an fhileantachd a tha iad a' faighinn bho bhith an sàs ann an cothroman bogaidh leithid Film-G.
- Tha na daoine òga san ionad ionnsachaidh air an làn ghabhail a-steach san sgoil. Tha iad dòigheil, misneachail agus deimhinneach nan sealladh.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson an leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn ris a' cheannard agus ri riochdaire bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

- Tha àrd-stiùirichean agus an luchd-obrach air an curraicealam a lèirmheas. Bu chòir dhaibh toraidhean an lèirmheis seo a chleachdadh gus leantainn air adhart ag àrdachadh coileanadh, gu sònraichte ann an litearrachd. Bu chòir do dhaoine òga cùrsaichean a ghabhail a tha an-còmhnaidh a rèir nam feumalachdan agus nam miannan aca, agus an cuideachadh gus a bhith eadhon nas soirbheachail.
- Bu chòir do thidsearan leantainn orra a' sireadh chothroman a bhith ag obair ann an dòigh nas fharsainge còmhla ri co-obraichean, gus a bhith a' leasachadh am breithneachadh mu adhartas agus coileanadh dhaoine òga ann an ÀS1 gu ÀS3. Bu chòir dhan seo an

cuideachadh gu bhith ag ullachadh ionnsachadh barrachd, mar thaic agus mar dhùbhlán do na daoine òga air fad.

- Feumaidh plana leasachaidh na sgoile mion-chunntas a thoirt air puingean gnìomha airson na sgoile air fad a dh'aon-ghnothaich airson roinn na Gàidhlig. Tha aig na h-àrd-stiùirichean fhathast ris a' chruthachalachd agus an t-sùbailteachd ann an ionnsachadh tron Ghàidhlig a rannsachadh a rèir is mar a tha e air a bhrosnachadh ann an comhairle nàiseanta.
- San ionad ionnsachaidh, bu chòir don luchd-obrach meudachadh a dhèanamh air an fhiosrachadh a bhios iad a' cruinneachadh mu bhuileachadh agus mu choileanaidhean dhaoine òga. Bu chòir dhaibh am fiosrachadh seo a chleachdadh nas dèine gus leantainn air adhart a' toigail air soirbheachasan dhaoine òga.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh comharran càileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagraan\)](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha ag obair gu math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh de ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Sgoil Ghràmair Dhùn Omhain.

Comharran càileachd	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math

Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho: [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagraan\)](#). Pàipear-taic 3: [An sgèile sia puing](#)

Bidh sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidiche, ainmichte mar Gheàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF) ri fhaotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:

<https://education.gov.scot/education-scotland/inspection-reports/reports-page/?id=2436>

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh agus, mar sin, cha thadhail sinn tuilleadh co-cheangailte ris an sgrùdadh seo. Innsidh Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca co-cheangailte ri bhith a' toirt fiosrachadh seachad mu chàileachd a sgoiltean.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh na Banrigh